

Aithisg Bhliadhnail is  
Cunntasan VisitScotland  
Geàrr-chunntas  
airson na bliadhna a  
chrìochnaich air 31 Màrt 2022

# Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan VisitScotland - Geàrr-chunntas airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2022

---

B' e bu mhotha a bha fa-near do VisitScotland ann an 2021/22, ath-nuadhachadh a thoirt air turasachd, agus sinn a' toirt taic do ghnìomhachasan na turasachd agus nan tachartasan gus turasan seasmhach a thabhann do luchd-tadhail, turasan a bheir fìor bhlasad den chultar is den dùthaich dhaibh. 'S e sin a tha luchd-tadhail a' sireadh agus 's ann pailt a tha an leithid de chothroman siubhail ann an Alba.

Fhad 's a bha seòrsaichean eile de Chovid-19 a' nochdadh agus bacaidhean siubhail fhathast gan cur an sàs, b' e aon de na dleastanasan a bu chudromaiche a bh' aig a' bhuidhinn taic gnothachais Omicron a roinn am measg ghnìomhachas na turasachd. Tro thabhartasan a bharrachd bho dheich maoinean agus dà mhaoin ùr a chaidh a thòiseachadh, b' urrainn dhuinn taic a thoirt do 2,257 gnothachasan le bhith a' toirt seachad maoineachadh luach £27.5 millean. Leis a' mhaoineachadh seo, fhuair gnothachasan taic air leth feumail a leig leotha cumail a' dol nuair a chaidh casg a chur air ìrean frithealaidh aig tachartasan, agus nuair a chaidh grunn thachartasan a chur dheth.

B' e amas cudromach eile a bh' aig a' bhuidhinn, seachd pròiseactan a lìbhrigeadh mar phàirt de Phrògram Ath-nuadhachaidh na Turasachd, a chaidh a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba. Thug na prògraman seo taic do bhuidhnean cheann-uidhe, companaidhean margaidheachd in-tharraing agus do ghoireasan is àiteachan turasachd gus ath-nuadhachadh na bu luaithe a thoirt air cùisean sa gheàrr-ùine. Mar thoradh air sin, b' urrainn do ghnìomhachas na turasachd feum a dhèanamh do choimhearsnachdan ionadail agus do dh'eaconamaidh na h-Alba a-rithist. Cuideachd, bha e fa-near dhan

phrògram a bhith mar bhun-stèidh do dh'ath-nuadhachadh sa ghnìomhachas thar na meadhan-ùine agus na h-ùine-fhada – agus sin uile a rèir ar n-amasan airson turasachd chunntachail.

Am measg nan rudan a bu mhotha a shoirbhich sa phrògram bha 144 goireasan is àiteachan turasachd a fhuair taic tro ar Maoin airson Làithean air Falbh agus 1,387 duine-cloinne agus inbhich a fhuair cothrom air turas ann an Alba tron sgeama eàrlasan làithean-saora ScotSpirit.

B' e pàirt cudromach eile den obair a rinn sinn gus ath-nuadhachadh a thoirt air a' ghnìomhachas, sanasachd a dhèanamh air Alba agus sinn ag iarraidh daoine a thàladh a dh'Alba ann an dòigh chùramach nuair a thòisich daoine a' siubhal a-rithist. Aig an toiseach, rinneadh seo dìreach ann an Alba agus san RA mus do thòisich sinn air sanasachd ann am prìomh mhargaidhean eadar-nàiseanta. Chuidich ar margaidheachd air bailtean-mòra, tro ar com-pàirteachas leis a' chompanaidh siubhail air-loidhne Expedia, gus barrachd dhaoine a thàladh dhan dùthaich agus còrr is 74,000 oidhche air a gleidheadh ann an àiteachan-fuirich.

Bha e mar amas dhuinn nar n-obair ann an 2021/22 luchd-tadhail oideachadh agus a bhrosnachadh gu bhith a' tadhal air Alba ann an dòigh chunntachail. Chunnaic cha mhòr 60% de dh'inbhich ann an Alba ar n-iomairtean margaidheachd gus turasachd chunntachail a bhrosnachadh, agus dh'aontaich 80% de dhaoine a tha a' fuireach ann an Alba gun do bhrosnaich na sanasan iad gu bhith nas cùramaiche nuair a bhiodh iad a' gabhail turas ann an Alba.

---

Cuideachd sa bhliadhna a dh'fhalbh, thòisich daoine a' cumail thachartasan beò a-rithist, clach-mhìle shònraichte a chunnacas an lùib ath-nuadhachadh gnìomhachas thachartasan na h-Alba fhad 's a bha sinn ag obair le ar luchd-compàirt. Dh'obraich sinn còmhla riutha gus sealltainn gum bi Alba fhathast a' cur thachartasan barraichte air dòigh cho math ri gin sam bith air an t-saoghal. Nuair a thàinig ceannardan na cruinne gu COP26 ann an Alba, chùim sinn Raon Amasan Gnàth-shìde na h-Alba, chuir sinn air dòigh ceithir tachartasan sinn fhìn agus chuidich sinn gus Foirgheall Ghlaschu air Gnìomhan ann an Turasachd mar Thaic dhan Ghnàth-shìde a dhealbh.

Le sùil ris an ùine air thoiseach, chan ann gu furasta no gu luath a thig ath-nuadhachadh air cùisean fhad 's a tha gnothachasan a' cur aghaidh ri dùbhlain ùra agus iad a' dèiligeadh fhathast ri buaidh a' ghalair mhòr-sgaoilte. Ge-tà, 's ann làidir tha ar gnìomhachas, tha e innleachdach agus glè chudromach do dh'Alba. Faodaidh turasachd is tachartasan a bhith air ceann na h-iomairt gus ath-nuadhachadh cunntachail a thoirt air cùisean le aire air an àrainneachd agus chuidich obair VisitScotland ann an 2021-22 gus bun-stèidh a thogail airson sin.

# Facal-toisich bhon Chathraiche

B' e an rud a bu mhotha a bha fa-near dhuinn am-bliadhna ath-nuadhachadh. Bha VisitScotland air ceann na h-obrach gus taic a thoirt do ghnìomhachas na turasachd agus nan tachartasan air feadh Alba fhad 's a bhathar a' dèanamh nan ciad oidhirpean gus ath-nuadhachadh a thoirt air cùisean às dèidh buaidh a' ghalair mhòr-sgaoilte. Tha sinn air bun-stèidh làidir a thogail airson an ath-nuadhachaidh sin tro obair chom-pàirteach a thaobh margaidheachd, taic dhan ghnìomhachas agus maoinachadh.

Tha e mar dhleastanas oirnn a-nis cumail oirnn a' toirt taic dhan ath-nuadhachadh sin agus sinn a' gabhail ealla ri ar n-amasan airson turasachd chunntachail agus amasan ro-innleachd nàiseanta na turasachd, Scotland Outlook 2030. Cumaidh sinn oirnn a' cuideachadh barrachd is barrachd le bhith a' coileanadh na Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh agus leis an àrd-amas a th' aice airson eaconamaidh a nì feum do mhath dhaoine.


Tha fhios againn gu bheil luchd-turais a' sireadh thurasan seasmhach, turasan a bheir fìor bhlasad den chultar is den dùthaich dhaibh; agus 's ann pailt a tha an leithid de chothroman siubhail ann an Alba. Tha VisitScotland ag obair gu gnìomhach mu

thràth a thaobh seo, agus sinn a' cur iomairtean an sàs airson turasachd chunntachail agus a' cuideachadh gus Alba a stèidheachadh mar thè de phrìomh dhùthchannan na cruinne nuair a thig e gu turasachd chunntachail.

San t-Samhain 2021, chaidh 26mh Co-labhairt nan Dùthchannan Aonaichte air Atharrachadh na Gnàth-shìde (COP26) a chumail ann an Glaschu, tachartas air leth cudromach dhan iomairt eadar-nàiseanta gus dèiligeadh ri cùis-èiginn na gnàth-shìde. Seach gur ann an Alba a bha a' cho-labhairt, bha àite glè fhollaiseach aig ar dùthaich san tachartas agus thug e cothrom dhuinn ceannas Alba a thaobh chùisean àrainneachd a thoirt air adhart agus adhartas a dhèanamh leis an iomairt gus cothromachadh-carboin a chur an sàs sa ghnìomhachas.

Tha mi gu h-àraidh moiteil à mar a bha VisitScotland am measg nam buidhnean a dhealbhadh agus am measg nan ciad bhuidhnean a chuir ainm ri Foirgheall Ghlaschu air Gnìomhan ann an Turasachd mar Thaic dhan Ghnàth-shìde – gairm do shluagh na cruinne gus gnìomhan a dhèanamh agus e a' toirt targaid is gheallaidhean coitcheann dhan ghnìomhachas againn. Chan urrainn dhuinn dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde leinn fhìn agus tha feum againn air co-obrachadh aig ìre ionadail agus eadar-nàiseanta.

'S e tachartas mòr eile a thèid a chumail ann an Glaschu is Alba an-ath-bhliadhna Farpais Baidhsagalachd na Cruinne UCI 2023, agus thathar air a bhith ag ullachadh air a shon airson greis mu thràth; seo an tachartas baidhsagalachd as motha air an t-saoghal agus seo a' chiad turas a chaidh a chumail riamh. Cuiridh an tachartas luach ri eaconamaidh na



Am Fìor Urramach Viscount Thurso

*A dh'aindeoin gach dùbhlán a dh'èirich leis a' ghalair mhòr-sgaoilte, tha gnìomhachas turasachd is tachartasan na h-Alba fhathast air stèidh làidir le turasachd innleachdach is lèirsinneach, gnothachasan tionnsgalach, agus daoine mìorbhaileach aig cridhe a' ghnìomhachais sin.*

---

turasachd agus bheir e daoine còmhla. Ach a thuilleadh air sin, bidh amasan poileasaidh lèirsinneach a' brosnachadh dhaoine gu bhith ag atharrachadh na nì iad nam beatha gu làitheil air feadh Alba bho sheo a-mach agus san ùine fhada.

Tha e cudromach do ar n-eaconamaidh, do choimhearsnachdan agus do mhath dhaoine gum bi taghadh mòr is math de thachartasan againn. Rinneadh obair am-bliadhna air tairgsean airson tachartasan is co-labhairtean mòra a chumail an seo agus cuidichidh an obair sin gus dèanamh cinnteach gum bi leithid a bhuannachdan ann do dhaoine san ùine air thoiseach. Cuideachd, nì leithid a thachartasan cinnteach gun lean an t-ath-nuadhachadh thar ùine fhada, agus cuiridh iad i ri cliù na h-Alba mar àite air leth freagarrach airson thachartasan.

A dh'aindeoin gach dùbhlán a dh'èirich leis a' ghalair mhòr-sgaoilte, tha gnìomhachas turasachd is thachartasan na h-Alba fhathast air stèidh làidir le turasachd innleachdach is lèirsinneach, gnothachasan tionnsgalach, agus daoine mìorbhaileach aig cridhe a' gnìomhachais sin.

Bu mhath leam moladh sònraichte a dhèanamh air a h-uile duine sa ghnìomhachas, agus aig VisitScotland, a dh'obraich cho cruaidh sna h-amannan mì-chinnteach seo.

Mu dheireadh, tha mi gu mòr an comain Buill eile a' Bhùird airson na taice is a' chuideachaidh a thug iad seachad agus airson an cuid dealais is na comhairle eagnaich aca. Tha dithis bhall – Stephen Hagan agus Cathy Craig – air am Bòrd fhàgail sa bhliadhna a dh'fhalbh agus bu thoil leam taing a thoirt dhaibh airson na h-obrach luachmhor a rinn iad fhad 's a bha iad air a' Bhòrd agus airson a bhith deònach an cuid eòlais a roinn leinn. Bu mhath leam, às leth Buill a' Bhùird, taing a thoirt do Malcolm Roughead, dhan sgioba stiùiridh, agus dhan luchd-obrach uile aig VisitScotland airson na h-obrach ionmholta a rinn iad agus an dealas a nochd iad fhad 's a bhathar a' toirt ùrachadh is ath-nuadhachadh air a' gnìomhachas air a' bhliadhna seo.

# Aithris an Àrd-oifigeir

B' e bliadhna dhoirbh agus dhòchasach a bh' ann an 2021/22 airson gnìomhachas na turasachd agus nan tachartasan ann an Alba. Bha dùbhlain ann, nam measg seòrsaichean ùra de COVID-19 agus bha bacaidhean siubhail eadar-nàiseanta fhathast gan cur an sàs. Ge-tà, thòisich cùisean a' fàs na b' fheàrr agus gnothachasan a' tilleadh gu ìre a bha na b' fhaisge air an àbhaist. Ann an aithisg bhliadhnail na bliadhna sa, chithear an uiread de dh'obair a rinneadh mu choinneimh prìomh adhbhar na buidhne: Modhan-obrach ro-innleachdail agus co-òrdanaichte a chur an sàs gus taic a thoirt dhan iomairt gus eaconamaidh na turasachd a thogail as ùr ann an dòigh chunntachail, agus ann an dòigh a nì cinnteach gun soirbhich le roinn na turasachd. Mar a bhiodh dùil, cha b' urrainn dhuinn sin a dhèanamh leinn fhìn agus tha e air a bhith na adhbhar moit dhuinn a bhith ag obair gu dlùth còmhla ri buidhnean com-pàirt, Riaghaltas na h-Alba agus daoine eile gus cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri buaidh a' ghalair mhòir-sgaoilte. Mar phàirt de sin, bha sinn sa chathair air Buidheann Turasachd na h-Alba airson Dèiligeadh ris an t-Suidheachadh-èiginn, far an robh prìomh bhuidhnean poblach is buidhnean bhonn roinn againn ag obair còmhla gus ath-nuadhachadh a thoirt air a' ghnìomhachas.

Bha e mar phàirt cudromach de dh'obair VisitScotland am-bliadhna taic-airgid riatanach a thoirt do ghnòthachasan nuair a nochd an seòrsa bhiorais ùir, Omicron, sa gheamhradh. Tron mhaoineachadh seo, b' urrainn do ghnòthachasan cumail a' dol aig àm nuair a chaidh casg a chur air àireamhan dhaoine aig tachartasan agus nuair a chaidh grunn thachartasan a chur dheth.

B' e amas cudromach eile a bh' aig a' bhuidhinn, seachd pròiseactan a lìbhrigeadh mar phàirt de Phrògram Ath-nuadhachaidh na Turasachd, a chaidh a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba. Thug iad seo taic do dhaoine sa gheàrr-ùine, agus cuidichidh iad



Malcolm Roughead OBE

*Nuair a thòisich turasachd agus tachartasan a-rithist, bha am feum a nì iad ann an iomadh dòigh cho follaiseach 's a bha e riamh, no na bu fhollaisiche buileach fiù 's.*

le bhith a' toirt ath-nuadhachadh nas luaithe air a' ghnìomhachas thar na meadhan-ùine agus na h-ùine-fhada – agus sin uile a rèir ar n-amasan airson turasachd chunntachail

Cuideachd sa bhliadhna a dh'fhalbh, thòisich daoine a' cumail thachartasan mòra beò a-rithist, clach-mhìle shònraichte a chunnacas an lùib ath-nuadhachadh gnìomhachas thachartasan na h-Alba. Bha Buidheann Chomhairleachaidh Gnìomhachas nan Tachartasan na meadhan conalraidh is co-obrachaidh cudromach dhan roinn seo rè na bliadhna a dh'fhalbh, agus iad a' riochdachadh tachartasan is fèisean na h-Alba agus a' toirt cothrom dhaibh beachdan a thoirt seachad. Sheall rannsachadh sa bhliadhna a dh'fhalbh gum bi tachartasan a' cur ri math dhaoine, agus iad a' toirt dhaoine còmhla agus a' toirt air daoine a bhith a' faireachdainn moiteil às an sgìre ionadail aca fhèin. Bidh toraidhean an rannsachaidh sin feumail dhan obair gus ath-nuadhachadh a thoirt air an roinn seo, agus bidh tachartasan a' cuideachadh barrachd is barrachd gus am prìomhachas aig Riaghaltas na h-Alba a choileanadh airson eaconamaidh a nì feum do mhath dhaoine.

Nuair a thòisich turasachd agus tachartasan a-rithist, bha am feum a nì iad ann an iomadh dòigh cho follaiseach 's a bha e riamh, no na bu fhollaisiche buileach fiù 's. Thugadh aithne mar a bu chòir, thar na bliadhna a dh'fhalbh, do mar a tha iad a' cur ri math dhaoine, a'

---

cur ris an eaconamaidh, a' cur smior ri coimhearsnachdan agus a' cuideachadh gus dìon a chur air an àrainneachd; agus sin as coireach gur ann deatamach a tha e do chor na h-Alba gun tèid ath-nuadhachadh a thoirt air a' ghnìomhachas.

Bu mhath leam mo thaing mhòr a thoirt do luchd-obrach VisitScotland a bha a-rithist cho dìcheallach ann a bhith a' toirt taic do ghnìomhachas turasachd is thachartasan na h-Alba rè bliadhna gu math neo-àbhaisteach. Chaidh iarraidh air tòrr dhaoine obair a dhèanamh air pròiseactan ùra, taobh a-muigh nan dleasan an àbhaisteach aca, agus chùim feadhainn eile orra sna dreuchdan a bh' aca gu gnàthach ach rè bliadhna gu math eadar-dhealaichte bhon àbhaist.

Cuideachd, rinn ar co-obrachean obair mhòr gus cuideachadh le bhith a' fosgladh ionadan-fiosrachaidh is oifisean a-rithist ann an dòigh shàbhailte agus iad a' cur an sàs agus a' gabhail ri dòigh-obrach mheasgaichte eadar an t-àite-obrach is an taigh airson luchd-obrach ann an oifisean.

Bu mhath leam gu h-àraidh, mo thaing a thoirt do Riddell Greumach, a leig dheth a dhreuchd mar Stiùiriche airson Leasachadh a' Ghnìomhachais is Cheann-uidhe às dèidh dha 45 bliadhna a chur seachad ag obair an lùib turasachd ann an Alba. Bu mhòr is bu luachmhor am feum a rinn e tro obair air feadh VisitScotland agus ann an ghnìomhachas na turasachd air fad, agus cuideachd tron stiùir a thug e do STERG rè ùine a' ghalair mhòr-sgaoilte.

Le sùil ris an ùine air thoiseach, chan ann gu furasta no gu luath a thig ath-nuadhachadh air cùisean fhad 's a tha gnothachasan a' cur aghaidh ri dùbhlain ùra agus iad a' dèiligeadh fhathast ri buaidh a' ghalair mhòr-sgaoilte. Ge-tà, 's ann làidir tha ar ghnìomhachas, tha e innleachdach agus glè chudromach do mar thig piseach air cùisean ann an Alba san fharsaingeachd às dèidh Chovid. Faodaidh turasachd is tachartasan a bhith air ceann na h-iomairt gus ath-nuadhachadh cunntachail a thoirt air cùisean le aire air an àrainneachd agus chuidich obair VisitScotland thar na bliadhna a dh'fhalbh gus bun-stèidh a thogail airson sin.

